

Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail



Stiùireadh
Obrachaidh
Nàiseanta
2022

Clàr-innse

Dè th' ann am Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail?	1
Prìomh phrionnsabalan	3
Riarachadh Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail	5
A' cleachdadh Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail	6
Ceistean a thaobh a bhith a' cleachdadh Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail	7
Planadh	12
Cunntasachd	16
A' sgrùdadh is ag aithris	19
Goireasan	21

Dè th' ann am Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail?

'S e tha ann am Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail (*Strategic Equality Funding - SEF*) ach £43 millean a tha gu bhith air a roinn leis na 32 ùghdarrasan ionadail uile gus tasgadh a dhèanamh ann an dòighean-obrach gus misean Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba (*Scottish Achievement Challenge - SAC*) a choileanadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba air aontachadh am maoineachadh seo a thoirt seachad mar phàirt de phrògram Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba (SAC).

Tha SEF na phàirt de Mhaoin Coileanaidh na h-Alba (*Attainment Scotland Fund - ASF*).



Anns an t-Samhain 2021, chuir Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean [planaichean ùra air adhart](#) gus Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba ùrachadh bhon Ghiblean 2022. Is e misean an Dùbhlain ùraichte seo:

gus foghlam a chleachdadh gus piseach a thoirt air builean do chloinn agus daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh, le fòcas air dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.



Tha an stiùireadh nàiseanta seo ag amas air taic a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail le bhith a' planadh mar a nì iad tasgadh nas èifeachdaiche air an riarachadh [Maoineachaidh Cothromas Ro-innleachdail](#) gus piseach a thoirt air builean foghlaim chloinne is dhaoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.

Prìomh phrionnsabalan



- Bu chòir beachdachadh air an stiùireadh seo còmhla ri [Frèam Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais](#).
- Feumar Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail a chleachdadh gus gnìomhan, dòighean-obrach no goireasan cuimsichte a lìbhrigeadh a tha a bharrachd air planaichean leasachaidh ionadail uile-choitcheann.
- Bu chòir do cheannardan-sgoile, tidsearan, pàrantan agus luchd-cùraim, clann agus daoine òga agus prìomh luchd-ùidh eile a bhith an sàs gu brìghmhor tro phròiseasan planadh, buileachadh agus luachadh mhodhan-obrach.
- Feumaidh Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail taic cuimsichte a thoirt seachad do chloinn agus daoine òga (agus an teaghlachan ma bhios sin iomchaidh) air a bheil bochdainn a' toirt buaidh gus an làn chomas a choileanadh, le fòcas air gnìomhachd leasachaidh cuimsichte ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd.
- Bu chòir obrachadh a' Mhaoineachadh Cothromais Ro-innleachdail a bhith air a chur tro na modhan planaidh a th' ann mar-thà, leithid Planaichean Leasachaidh Seirbheis Foghlaim nan ùghdarrasan ionadail, a bu chòir a bhith ri fhaighinn gu furasta do luchd-ùidh. Feumaidh seo soilleireachd a thoirt do luchd-ùidh air mar a thathar a' cleachdadh Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail agus air a' bhuidhe ris a bheilear an dùil bho seo.
- Feumaidh ùghdarrasan ionadail feallsanachd shoilleir a chruthachadh airson a bhith a' cleachdadh a' mhaoineachaidh, stèidhichte air anailis làidir air co-theacsail, a' gabhail a-steach dàta buntainneach a tha a' comharrachadh a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn anns na sgoiltean agus na coimhearsnachdan ionnsachaidh aca, agus feumaidh planaichean a bhith stèidhichte air nithean a tha soirbheachail ann a bhith ag àrdachadh coileanadh chloinne agus dhaoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh a rèir fianais.
- Ann am planaichean ionadail, feumaidh amasan sinidh àrd-amasach agus so-ruigsinneach a bhith ann airson adhartas ann an leasachadh bhuilean do na h-uile agus airson a bhith a' dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn, mar a tha air a mhìneachadh san [Fhrèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartas](#).
- Bu chòir do phlanaichean beachdachadh air maoineachadh Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba gu h-iomlan – ag obair còmhla ri ceannardan-sgoile, àrd-stiùirichean agus luchd-ùidh gus planadh fhiosrachadh – a tha a' tighinn a-steach dhan ùghdarras ionadail agus mar as fheàrr a thèid seo a chleachdadh gus cur ri planaichean ionadail gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn agus gus cur ri misean Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba.

- Tha na tha seirbheisean nas fharsainghe a tha a' toirt taic do chloinn is dhaoine òga agus an teaghlaichean ro-chudromach gus taic a chumail ri deòin nan sgoilearan a bhith ag ionnsachadh. Tha co-obrachadh thar sheirbheisean ro-chudromach ann a bhith a' dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.
- Bu chòir planaichean a bhith ceangailte ri planaichean leasachaidh seirbheis ùghdarrasan ionadail co-cheangailte, leithid Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd, obair shòisealta, taigheadas is m.s.a.a, a dh'fhaodadh cuideachd cur ri oidhirpean gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Bu chòir ceanglaichean soilleir a bhith aca cuideachd ris na planaichean dèiligeadh ri bochdainn chloinne agus ri planaichean seirbheisean chloinne.
- Bu chòir adhartas mu choinneamh phlanaichean a bhith air a sgrùdadh gu leantainneach. Mura h-eil planaichean a' coileanadh nam builean ris a bheilear an dùil, bu chòir na planaichean sin atharrachadh gu h-ionadail. Feumar beachdachadh air planaichean airson seasmhachd mar phàirt de seo.
- Bu chòir aithris air adhartas gach bliadhna tro Aithisgean Inbhean is Càileachd nan ùghdarrasan ionadail (no aithisgean co-ionann).



A' riarachadh Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail

Dè cho mòr 's a tha e?

Tha Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail air a sholarachadh tro Mhaoin Coileanaidh na h-Alba luach £1 billean – tha seo gu bhith air a thasgadh thairis air teirm na pàrlamaid seo gus taic a chumail ri ath-bheothachadh foghlaim agus gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Bidh àite soilleir aig gach ùghdarras ionadail agus roinnidh iad £43 millean eatorra gach bliadhna.

Tha riarachadh Maoineachaidh Cothromas Ro-innleachdail air a dhearbhadh fad nan ceithir bliadhna ionmhais ri teachd, a' toirt soilleireachd seachad a thaobh phlanadh ro-innleachdail thar na h-ùine sin.

Gheibhear fios mu na riarachaidhean [an seo](#).

Ciamar a thèid a riarachadh?

Thèid £43 millean ann am Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail a sgaoileadh gu cothromach stèidhichte air [dàta Clann ann an Teaghlaichean le Teachd a-steach losal](#) airson na bliadhna ionmhais 2019/20.

Le bhith a' tomhas teachd-a-steach na dachaigh gu dìreach, tha dàta Clann ann an Teaghlaichean le Teachd-a-steach losal a' toirt seachad cunntas mionaideach air

clann air an tug bochdainn buaidh agus mar sin tha e a' nochdadh feumalachdan dhaoine fa leth anns gach ùghdarras ionadail gu h-èifeachdach.

Feumaidh na dòighean-obrach agus na goireasan leasaichte a gheibh taic bhon mhaoineachadh seo a bhith ag amas air clann agus daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh, air fhiosrachadh le tuigse ionadail air feumalachdan ionadail.



A' cleachdadh Maoin Cothromas Ro-innleachdail

Ciamar a ghabhas e chleachdadh?

Bu chòir dhan mhaoineachadh seo a bhith air a chleachdadh le ùghdarrasan ionadail gus modhan ro-innleachdail a chleachdadh gus misean Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba a choileanadh, le fòcas soilleir air libhrigeadh cothromas tro bhith a' leasachadh bhùilean do luchd-ionnsachaidh air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.

Cha bu chòir maoineachadh a bhith air a chleachdadh ann an dòighean a chuireas stiogma air clann agus daoine òga no am pàrantan no an luchd-cùraim. Faodar beachdachadh cuideachd air dòighean-obrach a bheir buaidh air eadar-ghluasadan eadar ìrean sgoile – mar eisimpleir eadar sgoil-àraich agus bun-sgoil no eadar foghlam farsaing coitcheann agus ìre as àirde – cuideachd.

Bu chòir dhan mhaoineachadh a bhith air a chuidseachadh air goireasan, gnìomhan agus dòighean-obrach le fòcas air luchd-ionnsachaidh fo bhuidh bochdainn, a bheir piseach air leasachaidhean ann an litearrachd is àireamhachd agus a bheir taic do shlàinte is sunnd.

Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail obrachadh gu ro-innleachdail thar nan coimhearsnachdan sgoile aca, a tha a' gabhail a-steach clann agus daoine òga agus an teaghlaichean, agus ann an co-obrachadh leis na stiùirichean sgoile aca agus le Co-obraichean Leasachaidh Roinneil gus dòighean-obrach a chruthachadh airson slàinte is sunnd agus buileachadh foghlaim agus coileanadh chloinne is dhaoine òga a tha fo bhuidh bochdainn a leasachadh.

Bu chòir beachdachadh air mar as urrainn dhan ùghdarras ionadail obrachadh le seirbheisean ionadail nas fharsainge, leithid Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd, Obair Shòisealta no Seirbheisean Teaghlaich, agus le com-pàirtichean coimhearsnachd no treas roinn gus taic a thoirt do shlàinte is sunnd, coileanadh agus bùilean chloinne is òigridh air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.

Bu chòir na trì co-òrdanaichean de dh'ionnsachadh agus teagasg; ceannas; agus teaghlaichean is coimhearsnachdan dòighean-obrach ionadail cumadh a thoirt air dòighean-obrach ionadail.

Taobh a-staigh sin, dh'fhaodadh na còig prìomh thaisbeanair a leanas a bhith cuideachail nuair a thathar a' co-dhùnadh dè na dòighean-obrach aig am biodh a' bhuidh as motha air clann agus daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.

- Coileanadh
- Frithealadh
- In-ghabhail
- Com-pàirteachadh
- Com-pàirteachas



Beachdachaidhean airson a bhith a' cleachdadh Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail

Nuair a thathar a' planadh airson Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail a chleachdadh bu chòir beachdachadh air Maoineachadh Coileanaidh na h-Alba ann an ùghdarrasan ionadail gu h-iomlan agus mar a tha na planaichean co-cheangailte ri planaichean seirbheis ionadail nas fharsainge gus taic a chumail ri clann is daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.

Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail cuideachd beachdachadh air mar a bheir na planaichean gus Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail taic do na sia seòrsaichean teaghlaich a tha [air an comharrachadh le Riaghaltas na h-Alba](#) mar an fheadhainn as motha a tha ann an cunnart bho bhith a' fulang bochdainn chloinne:

- Teaghlach le pàrant singilte
- Teaghlaichean mion-chinnidh
- Teaghlaichean le inbheach neo leanabh air a bheil ciorram
- Teaghlaichean le màthair òg (fo 25)
- Teaghlaichean le leanabh fo aon bhliadhna a dh'aois
- Teaghlaichean nas motha (3+ clann)

Lùghdaich Buaidh na Bochdainn

Tha e deatamach gun tèid buaidh na bochdainn a lasachadh a rèir misean ùraichte Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba, agus a' toirt taic [do Phlanaichean an Riaghaltais airson Cur an aghaidh Bochdainn Chloinne](#). Aig an ìre dealbhadh, bu chòir beachdachadh air planaichean Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail a cho-thaobhadh ri planaichean gnìomh bochdainn chloinne ionadail, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' dol ri chèile agus ag adhbharachadh leasachadh thar amasan coitcheann.

Is urrainn dèiligeadh ri cosgais an latha sgoile cuideachadh le bhith a' toirt air falbh bacaidhean ionmhais a thaobh ionnsachadh agus com-pàirteachadh chloinne aig a bheil teachd a-steach ìosal. Is urrainn dha cuideam a lùghdachadh air buidseatan teaghlaich cuideachd. Le bhith a' cur fòcas air cosgaisean an latha sgoile thathar a' cur ri cothromas tro thuigse nas fheàrr air na cnapan-starra a tha mu choinneamh sgoilearan agus teaghlaichean a tha fo bhuaidh bochdainn agus air leasachadh phoileasaidhean agus chleachdaidhean a tha a' toirt feart air bochdainn.

Tha pròiseact Cosgais an Latha Sgoile aig Buidheann Gnìomh Bochdainn Cloinne (*Child Poverty Action Group* - CPAG) ann an Alba a' tabhann ghoireasan agus taic do sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail air dòighean-obrach a thaobh cosgaisean an latha sgoile a chruthachadh, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan sgoile agus deagh chleachdadh ann a bhith a' lughdachadh chosgaisean, a' meudachadh teachd a-steach agus a' toirt taic do chloinn agus do theaghlaichean aig a bheil teachd a-steach ìosal.

Gheibhear fiosrachadh agus goireasan mu chosgais an Latha Sgoile (*Cost of the School Day* - CoSD) aig:

- air làrach-lìn CPAG <https://cpag.org.uk/cost-of-the-school-day>
- Seata-innealan CoSD <https://cpag.org.uk/scotland/CoSD/toolkit>
- A' bruidhinn mu chosgaisean san sgoil <https://cpag.org.uk/talking-costs>
- Cuir fios chun an sgioba aig costoftheschoolday@cpagscotland.org.uk .

Tha Fòram Pàrantan Nàiseanta na h-Alba air inneal latha-sgoile a chruthachadh airson comhairlean phàrantan – Seata-innealan Comhairle Phàrantan airson an Latha Sgoile – Fòram Pàrantan Nàiseanta na h-Alba (npfs.org.uk).





Co-ionannachd

Tha fianais a' sealltainn gun toir bochdainn buaidh neo-cothromach air cuid de chloinn is dhaoine òga bho bhuidhnean a tha air an iomall agus mar sin gum faod bacaidhean mòra a bhith romhpa a thaobh ionnsachadh. Tha uallach air ùghdarrasan ionadail dèiligeadh gu gnìomhach ri neo-ionannachd agus tha brosnachadh cothromas na dhleastanas co-roinnte a tha air a h-uile neach-obrach, com-pàirtiche agus neach-ùidh iomchaidh eile. Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail beachdachadh air mar a thathar ag aithneachadh agus a' cur luach air ùidhean, eòlas, dearbh-aithne agus goireasan dhaoine òga agus choimhearsnachdan air an iomall (m.e. feadhainn bho mhion-chinnidh no teaghlachan aon phàrant). Bu chòir cuideachd beachdachadh air buaidh leth-bhreith gun fhiosta gu sònraichte a thaobh mar a thèid luach a chur air na beachdan aig daoine agus mar a bheir iad buaidh air planadh SEF.

Ann an a' cho-theacsa seo, bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail beachdachadh air ceumannan a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith a dhìth gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh do sgoilearan air a bheil bochdainn a' toirt buaidh agus a dh'fhaodadh a bhith fo ana-cothrom air adhbharan eile cuideachd. Mar eisimpleir, ana-cothrom co-cheangailte ri: feart dìonta (ciorram, ath-shònrachadh gnè, torrachas is màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè bhith-eòlasach (gnè) agus taobhadh feise); feum far a bheil taic a bharrachd a dhìth orra, a bhith ann an cùram; no le dleastanasan cùraim.

Feumar beachdachadh air co-ionannachdan nuair a thathar a' comharrachadh prìomh adhbharan airson beàrn coileanaidh – bu chòir coimhead air dàta mu bhochdainn agus Clàr-amais loma-bhochdainn na h-Alba an co-bhonn ri prìomh fheartan eile a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuibhrichte gu, gnè, cinneadh, ciorram, eòlas air cùram, Siopsaich Roma/luchd-siubhail. Gus seo a dhèanamh, feumar dì-agragaideachadh (*disaggregating*) a dhèanamh air dàta a bhios suidheachaidhean foghlaim a' cruinneachadh mar-thà a rèir nam feartan sin.

Luchd-obrach

Bu chòir do luchd-obrach sam bith a th' air am fastadh tro Mhaoineachadh Cothromas Ro-innleachdail a bhith a bharrachd air na riatanasan àbhaisteach a thaobh luchd-obrach. Far a bheil ùghdarrasan ionadail a' comharrachadh gum feumar luchd-obrach a bharrachd fhadthairis gu taic a chumail ris na planaichean ro-innleachdail aca bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil raointean-ùghdarras agus sònrachaidhean obrach ceangailte gu soilleir ri amasan Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba.

Solar

Feumaidh ceannach goireasan, uidheamachd no seirbheisean cumail ri modhan solarachaidh làithreach nan ùghdarrasan ionadail. Bidh seo gu sònraichte cudromach nuair a thathar a' ceannach goireasan Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh (ICT) (faic gu h-ìosal) no, mar eisimpleir, seirbheisean bho chom-pàirtichean san treas roinn. Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri poileasaidhean ionadail agus reachdas solarachaidh.

ICT

Faodar Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail a chleachdadh gus teicneòlasan didseatach fhaighinn, a' gabhail a-steach bathar-cruaidh is bathar-bog, far a bheil a riarachadh agus a chleachdadh gu sònraichte ag amas air taic a thoirt do chloinn is dhaoine òga a tha fo bhuidhneachd agus an coilean iad an làn chomais aca.

Tha Riaghaltas na h-Alba an-dràsta aig ìre dealbhadh leis a' ghealltanas gus inneal a sholarachadh airson a h-uile pàiste aois sgoile agus iad an dùil tasgadh nas doimhne a dhèanamh san teicneòlas bho 2023/24 air adhart. Is dòcha gum bi thu airson beachdachadh an gabhadh SEF a chleachdadh airson innealan didseatach ann an 2022/23 no am biodh dòighean maoineachaidh eile na bu fhreagarraiche aig an ìre seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt cothrom air raon de fhèaman solarachaidh nàiseanta gus bathar agus innealan teicneòlas didseatach a cheannach, a' gabhail a-steach raon de choimpiutairean desktop, laptop agus tablaidean. Tha na frèaman-obrach a' toirt seachad slighe dhìreach chun mhargaidh agus sàbhalaichean mòra mu choinneamh a' Phrìs Mion-reic a thathar a' Moladh (RRP).

Tha fios againn nach eil a bhith a' toirt seachad barrachd teicneòlais ag adhbharachadh builean nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh leis fhèin. Mar sin, bu chòir cleachdadh teicneòlas sam bith ann an suidheachadh foghlaim a bhith air a dhèanamh a rèir amasan na [Ro-innleachd Ionnsachadh is Teagaisg Didseatach](#) nàiseanta agus planadh didseatach ionadail sam bith far a bheil sin ann le planaichean soilleir an sàs bho thùs gus a' bhuidhneachd aig a' mhaoinachadh air a bhith a' dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a mheasadh.



Planadh

Thathar air riarachaidhean Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail a dhearbhadh chun a' Mhàirt 2026. Faodar cothroman a dhealbhadh gus amasan ro-innleachdail san fhad-ùine a chur an gnìomh le taic bho na riarachaidhean dearbhte sin. Ach bu chòir beachdachadh cuideachd air eadar-theachdan san fhad-ùine a bheir taic ris a' mhisean: *gus foghlam a chleachdadh gus piseach a thoirt air builean do chloinn agus daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh, le fòcas air dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.*

Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail beachdachadh air Maoineachaidh Coileanaidh na h-Alba (Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail (SEF), Maoineachadh Cothromas nan Sgoilearan (PEF) is maoineachadh Clann is Daoine Òga le Eòlas air Cùram (CECYP) ann an dòigh iomlanach ag obair còmhla ri ceannardan-sgoile, àrd-stiùirichean agus com-pàirtichean eile gus comharrachadh mar a thèid am maoineachadh a chleachdadh san dòigh as fheàrr gus cur ri planaichean ionadail gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn agus gus cur ri misean Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba. Mar a tha air a mhìneachadh san [Fhrèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartas](#), bu chòir co-thaobhadh a bhith ann eadar amasan a shuidhich sgoiltean gus piseach a thoirt air na builean do chlann is daoine òga air a bheil bochdainn agus amasan sinidh an ùghdarras ionadail.

Le bhith a' cleachdadh dòigh-obrach fhad-ùine le bhith a' planadh airson cleachdadh Maoineachadh Ro-innleachdail Cothromais thar grunn bhliadhnaichean tha seo a' cur planadh nas èifeachdaiche an comas air caitheamh, fastadh agus leasachadh.

Faodar taic a thoirt do phlanadh leis a' mhodail loidig (a lorgar mar sgrìobhainn taic dhan [Fhrèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartas](#)), a tha a' sealltainn mar a nì dh'adhbharaicheas am prògram atharrachadh. Cuidichidh modail loidsig SAC le bhith a' cur mion-fhiosrachadh ri amasan a' phrògram, a' cuideachadh le planadh, measadh, buileachadh agus conaltradh. Tha e a' gabhail a-steach builean a tha a rèir an rùin, a tha a' gabhail a-steach bochdainn chloinne, coileanadh nas fharsainge agus fòcas nas motha air slàinte is sunnd agus taic teaghlach is coimhearsnachd.

Mar a tha air a mhìneachadh anns an [Fhrèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais](#) bu chòir planaichean ùghdarrasan ionadail agus amasan sinidh airson Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba a bhith air am fighe a-steach do phlanaichean leasachaidh seirbheis foghlaim ùghdarrasan ionadail a tha ann mar-thà. Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail dèanamh cinnteach gu bheil co-obrachadh ann le luchd-ùidh, m.e. clann, daoine òga, teaghlachan agus com-pàirtichean san treas roinn sa phròiseas dealbhaidh.

Bu chòir planaichean a bhith ceangailte ri planaichean leasachaidh seirbheis ùghdarrasan ionadail co-cheangailte, leithid Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd, obair shòisealta, taigheadas is m.s.a.a, a dh'fhaodadh cuideachd cur ri oidhirpean gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Bu chòir ceanglaichean soilleir a bhith aca cuideachd ris na planaichean gnìomh dèiligeadh ri bochdainn chloinne aig an ùghdarras ionadail agus ri planaichean seirbheisean chloinne.

A rèir an aonta air maoineachadh ioma-bliadhna, bhiodh e na bhuannachd plana ro-innleachdail 4 bliadhna ullachadh. Bu chòir plana bliadhna 1 a stèidheachadh le builean agus amasan simplidh air an comharrachadh. Bu chòir am plana a mheasadh agus atharrachadh a rèir nam feumalachdan gach bliadhna.

Leanaidh a' chuairt planaidh a' bhliadhna acadaimigich, a' co-thaobhadh ris a' chuairt bhliadhna aig Planadh Leasachadh Seirbheis Foghlaim. Mar sin, bu chòir amasan sìneadh mar a tha air am mìneachadh anns an [Fhrèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais](#) aontachadh gach bliadhna ro dheireadh an t-Sultain aig a' char as fhaide.

Prionnsabalan coitcheann airson planadh airson Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail taobh a-staigh Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba



Collaborative:

Actively engage children, young people, families, communities, staff and partners in planning process.



Evidence informed:

Plans are based on data and a clear understanding of the context of communities they will be implemented.

This data should include: local & national data and reference to research including SAC Theory of Change and Logic Model.



Setting ambitious and SMART aims:

Aims should be smart, measurable, achievable, realistic and timed. They also need to be ambitious enough to achieve long term goals of closing poverty-related attainment gaps.



Measuring progress:

SMART measures and baseline data are needed to be able to show progress towards aims. Regular tracking and monitoring will support staff respond timeously to interventions which are not having the desired impact and make adaptations.



Evaluative:

All plans should have aims and measures which allow leaders to clearly state whether aims have been achieved.



Quality assurance processes embedded

to support the development and implementation of SAC plans. This can be both internal or external, involve peers or senior leaders.

Chaidh frèam-obrach, '[Eadar-theachdan airson Cothromas](#)' a chruthachadh gus taic a thoirt do phlanadh agus buileachadh eadar-theachdan agus dòighean-obrach gus feumalachdan chloinne agus dhaoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh a choileanadh, gus a' bheàrn coileanaidh a dhùnadh. Tha na h-eisimpleirean a tha air an ainmeachadh nam bhrosnachadh airson meòrachadh nas fharsainge air na bhiodh iomchaidh sa cho-theacsa ionadail agad agus chan iad seo idir an aon dòigh-obrach air am bu chòir beachdachadh.

Amasan sìnidh

Tha riatanasan sònraichte airson amasan sìneadh ionadail a shuidheachadh air ìm mìneachadh anns an [Fhrèam airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais](#).

San aithghearrachd, bu chòir amasan sìnidh ionadail a bhith an dà chuid àrd-amasach agus comasach a choileanadh ann an co-theacsan ionadail. Bu chòir am pròiseas airson amasan sìnidh ionadail a shuidheachadh a dhèanamh ann an co-obrachadh le luchd-ùidh, a' toirt feart air na planaichean sgoile agus seirbheis aca gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Bu chòir conaltradh dà-shligheach a bhith ann eadar ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean nuair a tha iad a' planadh airson, agus a' suidheachadh, amasan sìmplidh.

Gus dèanamh cinnteach à cunbhalachd nàiseanta chaidh modal "bunait is barrachd" (*core plus*) a chruthachadh. Tha "a' bhunait" airson amasan a ghabhas tomhas le fo-sheata de phrìomh cheumannan anns an Fhrèam Leasachaidh Nàiseanta (NIF) agus amas airson leasachadh ann an slàinte is sunnd nan sgoilearan. Is iad sin an ìre as lugha air a bheilear an dùil airson a h-uile ùghdarras ionadail gus amasan a mhìneachadh gus piseach a thoirt air coileanadh do na h-uile agus airson slàinte is sunnd adhartachadh agus gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Aig a' char as lugha bu chòir dhaibh seo a bhith a' gabhail a-steach amasan sìnidh (bunaitich) airson an dà chuid adhartas iomlan agus airson beàrn co-cheangailte ri bochdainn a lùghdachadh ann an:

a) coileanadh Ìrean Curraicealam airson Sàr-mhathais (lìtearrachd còmhla agus àireamhachd còmhla);

- b) a' chuibhreann de luchd-fàgail na sgoile a' gheibh co-dhiù 1 aig SCQF ìre 5 stèidhichte air an fhoillseachadh "Geàrr-chunntas Staitistigeil airson Coileanadh agus Cinn-uidhe Luchd-fàgail";
- c) a' chuibhreann de luchd-fàgail na sgoile a' gheibh co-dhiù 1 aig SCQF ìre 6 stèidhichte air an fhoillseachadh "Geàrr-chunntas Staitistigeil airson Coileanadh agus Cinn-uidhe Luchd-fàgail";
- d) a' chuibhreann de dhaoine aois 16-19 a' gabhail pàirt ann am foghlam, cosnadh no trèanadh stèidhichte air an Slat-tomhais Com-pàirt Bliadhna a chuir Leasachadh Sgìlean na h-Alba ri chèile; agus
- e) amas a chaidh a chomharrachadh gu h-ionadail airson slàinte is sunnd, a thèid a thomhas a' cleachdadh seataichean-dàta ionadail.

Tha am "barrachd" a' toirt comas do dh'ùghdarrasan ionadail amasan a bharrachd a chomharrachadh, a ghabhas tomhas le dàta ionadail no nàiseanta, gu sònraichte a' beachdachadh air coileanadh nas fharsainge, deòin a bhith ag ionnsachadh, no cosgais an latha sgoile. Bu chòir comharran adhartais ionadail a bhith mar bhunait aig seo.

Bu chòir gach amas sìnidh comharraichte na h-amasan iomlan a mhìneachadh gu soilleir airson a bhith ag àrdachadh coileanadh agus a' toirt piseach air slàinte is sunnd, agus airson dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn ann an 2022/23. Tha eisimpleirean de dh'amasan sìnidh ionadail mar seo anns [an Fhrèam airson ath-bheothachadh agus luathachadh adhartais](#).

Bu chòir suidheachadh agus nàdar nan amasan a choileanadh le ùghdarrasan ionadail mar thoradh air fèin-mheasadh làidir air fiosrachadh le fianais, le taic agus dùbhlann tro chonaltradh proifeasanta le Foghlam Alba.

Bu chòir na planaichean agus na h-amasan sìnidh seo a bhith air an cruthachadh a rèir na cuairt dealbhadh acadaimigich a th' ann mar-thà agus a bhith air an aontachadh ro dheireadh na Sultain gach bliadhna aig a' char as fhaide.



Planadh ionmhasail

Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail teamplaid planaidh ionmhais àrd-ìre a chur a-steach airson SEF a tha a' mineachadh mar a thèid maoinachadh a thasgadh thairis air a' bhliadhna ionmhais. Bu chòir seo a chur a-steach gu Riaghaltas na h-Alba ro dheireadh na Sultain, an cois dearbhadh aonta air amasan sinidh ionadail gach bliadhna.

Ag aithneachadh gun atharraich planaichean tron bhliadhna uaireigin, bidh pròiseas fios mu atharrachadh an sàs, gus an tèid atharrachadh sam bith air maoinachadh a chomharrachadh agus aontachadh. Bu chòir fios a chur gu Riaghaltas na h-Alba mu atharrachadh sam bith air planaichean ro dheireadh a' Ghearrain gach bliadhna.

Thèid airgead a tharraing sìos dà uair anns gach bliadhna ionmhais, uair aig meadhan na bliadhna ionmhais (an t-Sultain) agus uair aig deireadh na bliadhna ionmhais (am Màrt).

Cunntachalachd

Ann an co-theacs Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba, tha uallach air ùghdarrasan ionadail airson a bhith:

- Ag ullachadh phlanaichean Maoin Cothromas Ro-innleachdail, a' gabhail a-steach amasan sìnidh, gus cur ri misean Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba.
- A' cumail taic ri leasachadh sgoile tro bhith a' toirt taic do sgoiltean agus com-pàirtichean le bhith:
 - a' toirt taic do sgoiltean gus beàrnan co-cheangailte ri bochdainn a chomharrachadh tro choidseadh, ionnsachadh proifeiseanta agus tro bhith a' toirt seachad cothrom air innealan tracadh, sgrùdadh agus anailis dàta;
 - a' toirt seachad ionnsachadh proifeiseanta mu phlanadh (dàta, builean is ceumannan), eadar-theachdan is dòighean-obrach.
 - a' tabhann taic phractaigeach do sgoiltean, far a bheil feum air, a thaobh riaghladh ionmhais agus Goireasan Daonna; agus
 - a' toirt taic agus dùbhlann do sgoiltean ann a bhith a' cleachdadh PEF gus adhartas a dhèanamh ann a bhith a' toirt piseach air slàinte is sunnd agus builean foghlaim chloinne is dhaoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.
- A' dèanamh sgrùdadh leantainneach, gnìomhach air planaichean airson ath-bheothachadh agus air dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn agus gus piseach a thoirt air slàinte is sunnd, a' toirt taic agus dùbhlann do phrìomh luchd-ùidh agus/no chom-pàirtichean; agus ag atharrachadh phlanaichean far am feumar gus dèanamh cinnteach gum bi adhartas ann.
- Ag aithris air adhartas a dh'ionnsaigh nan amasan sìnidh aca a chaidh a comharrachadh gu h-ionadail.
- Ag aithris air mar a chaidh Maoineachadh Builean na h-Alba a chosg gu h-èifeachdach.
- A' co-obrachadh le raon de sheirbheisean air feadh an ùghdarras ionadail agus ann an coimhearsnachdan ionadail gus tabhartasan a bharrachd a thoirt do mhisean Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba.

Com-pàirteachasan

Tha pàrantan agus coimhearsnachdan ionadail nan stòrasan taic, sgilean agus eòlas ann a bhith ag obair le daoine òga a tha a' fulang bho bhacaidhean ionnsachaidh co-cheangailte ri bochdainn. Ann am mòran cho-theacsan dh'fhaodadh gum bi ùghdarrasan ionadail comasach air na builean as fheàrr a choileanadh airson clann agus daoine òga le bhith ag obair le farsaingeachd de bhuidhnean – a bharrachd air sgoiltean – leithid:

- buidhnean phàrantan;
- comhairlean phàrantan, agus,
- seirbheisean eile aig ùghdarras ionadail agus san roinn phoblaich leithid:
 - ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd
 - buidhnean treas roinn (a' gabhail a-steach obair òigridh, buidhnean ionnsachaidh teaghlach);
 - roinnean foghlaim eile; agus/no
 - ionadan eòlais leithid oilthighean.



A' com-pàirteachadh le Daoine Òga agus an Teaghlaichean

Bu chòir clann agus daoine òga a bhith an sàs ann am planadh agus luachadh ìrean èifeachdais de dhòighean-obrach ionadail agus bu chòir cothrom a bhith aca am beachdan a bhith air an chluinntinn agus buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean ionadail.

Gheibhear taic tron [ghoireas seo air mar a ghabhas comas a thoirt do chloinn agus daoine òga gus beachdan a chur a-steach ann am planadh agus measadh dòighean-obrach](#).

Is e buidseatadh com-pàirteachail aon dòigh-obrach shònraichte air am faodadh ùghdarrasan ionadail beachdachadh.

Tha buidseatadh com-pàirteachail (*Participatory Budgeting - PB*) na dhòigh ùr-ghnàthach agus èifeachdach gus com-pàirteachadh le pàrantan, luchd-cùraim, clann agus daoine òga, gu sònraichte an fheadhainn aig a bheil cnapan-starra a thaobh com-pàirteachadh sa choimhearsnachd ionnsachaidh aca. Tha PB a' gabhail a-steach daoine gu dìreach ann an co-dhùnaidhean buidseit a bheir buaidh dhìreach air a bhith a' toirt piseach air a' bheatha aca. Is urrainn dha guth nan sgoilear a neartachadh agus fìor eòlas a thoirt seachad air deamocrasaidh ag obrachadh, a' ciallachadh gum bi daoine òga nas misneachaile agus nas gnìomhaiche mar shaoranaich. Tha PB na dheagh dhòigh conaltraidh, a tha a' neartachadh cultar na sgoile (no nas fhaide air falbh) le bhith a' togail deagh dhàimhean. 'S e dòigh bhrioghmhor, phractaigeach agus shusbainteach a th' ann am PB gus còraichean chloinne a thoirt gu buil gus pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean, agus aig an aon àm tha e a' togail mothachadh air feumalachdan coimhearsnachd san fharsaingeachd.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu PB air làrach-lìn PB Scotland aig: <https://pbscotland.scot/pb-in-schools/resources>.

Airson ceist sam bith, cuir fios gu: info@pbscotland.scot



A' sgrùdadh agus ag aithris

Bu chòir **measadh** a dhèanamh gu h-ionadail air stèidh leantainneach, le taic agus dùbhlann air a thoirt seachad thar siostaman ionadail gus ath-bheothachadh foghlaim a stiùireadh agus gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanadh co-cheangailte ri bochdainn.

Bu chòir conaltradh proifeiseanta leantainneach agus cunbhalach eadar ùghdarrasan ionadail agus Foghlam Alba a bhith mar phàirt de seo, tro Àrd-chomhairlichean Roinneil agus Comhairlichean Coileanadh gu sònraichte.

Tha sgrùdadh fad-bliadhna air adhartas taobh a-staigh shuidheachaidhean ionadail cudromach gus dèanamh cinnteach gu bheil taic agus eadar-theachd thràth ann far a bheil feum air, agus bu chòir dha a bhith na phrìomh phàirt de mhodhan ionadail gus misean Dùbhlann Coileanadh na h-Alba a choileanadh.

Aithris air planaichean *gus foghlam a chleachdadh gus piseach a thoirt air builean do chloinn agus daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh, le fòcas air dèiligeadh ris a' bheàrn coileanadh co-cheangailte ri bochdainn* tro mhodhan a th' ann mar-thà tron t-siostam foghlaim, mar a chaidh a chur an cèill anns [an Fhrèam airson ath-bheothachadh agus luathachadh adhartais](#).

Bu chòir dhan ùghdarras ionadail aithisgean Inbhean is Càileachd Foghlaim làithreach (no aithisgean co-ionann ionadail) a chleachdadh gus aithris air an adhartas a thathar a' dèanamh le taic bho Mhaoineachadh Coileanadh na h-Alba agus fiosrachadh sònraichte a thoirt seachad air:

- na h-amasan sìnidh tùsail a chaidh a mhìneachadh ann am plana leasachaidh seirbheis foghlaim an ùghdarras ionadail agus an ìre is gun deach an coileanadh;
- na ceumannan a tha air am mìneachadh ann am plana leasachaidh seirbheis foghlaim an ùghdarras ionadail agus dàta sam bith a bharrachd gus cunntas a thoirt air a' bhuidhe air clann agus daoine òga a tha fo bhuidhe bochdainn. Bu chòir an dà chuid fianais càileachdail agus uimhireil air adhartas a chleachdadh gus mìneachadh an deach a' bhuidhe ris an robh dùil a choileanadh – le adhartas uimhireil soilleir mu choinneamh ceumannan buntainneach an NIF mar phàirt de seo; agus
- eisimpleirean de dh'eadar-theachdan, dòighean-obrach agus cleachdadh ghoireasan a tha air a bhith èifeachdach.

Taobh a-staigh nan aithrisean seo bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail dèanamh cinnteach gu bheil aithris shoilleir ann air an ìre is gu bheil Maoin Coileanadh na h-Alba (a' gabhail a-steach maoineachadh SEF, PEF agus CECYP) air buaidh agus taic a thoirt do mhodhan-obrach ionadail ann a bhith a' coileanadh amasan sònraichte a chaidh a comharrachadh gu h-ionadail, agus gu bheil fianais ann de cho-leanailteachd agus co-thaobhadh ro-innleachdail ann an cleachdadh nan sruthan maoineachaidh sin.

Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail aithrisean air adhartas a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba ro dheireadh na Dùbhlachd gach bliadhna. Faodaidh seo a bhith tro na h-aithisgean leasachaidh bliadhnail aca (tha dleastanas air ùghdarrasan foghlaim mar tha gus lethbhreac a thoirt do Mhinistearan na h-Alba nuair a thèid am foillseachadh).

Aithris Ionmhasail

Thèid airgead a' mhaoineachaidh a tharraing sìos dà uair anns gach bliadhna ionmhais, uair aig meadhan na bliadhna ionmhais (an t-Sultain) agus uair aig deireadh na bliadhna ionmhais (am Màrt). Bu chòir tarraing a-nuas maoineachaidh a bhith stèidhichte air fìor chaitheamh a rèir na teamploid dealbhaidh. Bidh teamploidean airson aithisgean ionmhais a thoirt dhan ùghdarras ionadail le Riaghaltas na h-Alba ro na cinn-latha gus an t-airgead a tharraing sìos.

Far nach urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail an cuibhreann iomlan a chosg tron bhliadhna ionmhais, faodar airgead sam bith nach deach a chaitheamh a thoirt air adhart chun na bliadhna ionmhais ùir airson tasgadh ro dheireadh na bliadhna acadaimigich (deireadh an Ògmhios) mar thaic do phlanaichean làithreach airson na bliadhna sin. Bu chòir maoineachadh a tha ri thoirt air adhart chun na h-ath bhliadhna ionmhais a chomharrachadh agus a mhìneachadh an cois an tagraidh airson tabhartais deireadh na bliadhna ionmhais a chuirear a-steach sa Mhàrt.



Goireasan

Tha pasgan de thaic nàiseanta is ionadail ri fhaighinn gus ùghdarrasan ionadail a chuideachadh agus iad a' dealbhadh mar a chleachdas iad am Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail aca.

Tha [Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba - Goireas fèin-mheasaidh](#) air a dhealbh gus sgoiltean agus eile a chuideachadh gus barrachd obair leasachaidh a thoirt air adhart aig àm ath-shlànachaidh seo.

[Frèam Intervention for Equity](#) de dh'eadar-theachdan agus ro-innleachdan foghlaim dearbhte le fianais gus cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn. Gabhaidh am frèam-obrach a chleachdadh leis a h-uile neach-ùidh agus bu chòir dha cuideachadh gus na co-dhùnaidhean fhiosrachadh a nì ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean. Tha an structar agus an t-susbaint air a dhealbh gus a bhith dìonamaig agus tha e fhathast a' fàs is ag atharrachadh mar phàirt bhunaiteach den [Cho-ionad Leasachaidh Nàiseanta](#), far a bheil raon farsaing de stuthan leasachaidh, fèin-luachaidh agus rannsachaidh rim faighinn agus far am faodar eisimpleirean de chleachdadh a cho-roinn. Bidh gearr-chunntasan rannsachaidh agus eisimpleirean eadar-theachd eile fhathast gan toirt a-steach nuair a bhios iad rim faighinn.

Thathas a' cruthachadh Seata-innealan Cothromas aig Foghlam Alba agus thathar an dùil gum bi e ri fhaighinn as t-samhradh 2022.

Frèam ILA gus measadh a dhèanamh air dè cho math 's a tha ùghdarrasan ionadail a' toirt piseach air ionnsachadh, ag àrdachadh bhuilean agus a' dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Gheibhear inneal meòrachail airson luchd-foghlaim aig [Getting It Right For All Learners during COVID-19](#).

Tha [The Education Endowment Foundation \(EEF\) Toolkit](#) na inneal a tha a' toirt seachad gearr-chunntas ruigsinneach de rannsachadh foghlaim a tha air a dhealbh gus còmhraidhean mu na dòighean as èifeachdaiche air coileanadh a leasachadh fhiosrachadh, le fòcas air clann aois 5-16 agus ana-cothrom mar thoradh air bochdainn. Tha 35 dòighean-teagaisg agus eadar-theachdan ann, le gearr-chunntas air gach tè dhiubh a thaobh na buaidh chuibheasaich aca air coileanadh, neart na fianais dhaibh agus an cosgais. Tha e feumail ma bhios stiùirichean foghlaim agus cleachdaichean a' fiosrachadh cho-dhùnaidhean mu bhith a' cleachdadh Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail, mu bhith a' toirt piseach air coileanadh agus air cothromas. Tha mòran de na sreathan a-nis a' gabhail a-steach ceistean dùbhlain gus taic a chumail ri còmhraidhean proifeasanta. Thathar an dùil gun tèid an goireas a chleachdadh an co-bhonn ris an fharsaingeachd de dh'eadar-theachdan agus dhòighean-obrach a tha air an toirt seachad tron fhrèam gu h-àrd gus conaltradh proifeiseanta a bhrosnachadh agus a neartachadh a' toirt làn aire dhan cho-theacsa ionadail.

Tha [Stiùireadh](#) mu bhith ag obair leis an treas roinn ri fhaighinn gus taic a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail gus am feum as fheàrr a dhèanamh de mhaoineachadh le com-pàirtichean eile. Tha an goireas seo a' mìneachadh mar as urrainn do sgoiltean com-pàrteachasan sònraichte a chruthachadh le buidhnean iomchaidh san treas roinn gus piseach a thoirt air builean do chloinn, daoine òga agus teaghlachan. Tha an treas roinn ann an suidheachadh gu sònraichte math airson taic a chumail ri leasachaidhean ann an slàinte agus sunnd agus gus sgilean cosnaidh agus cinn-uidhe luchd-fàgail na sgoile a leasachadh.

Còmhla ri sgoiltean agus seirbheisean foghlaim, tha obair òigridh a' toirt piseach air sunnd, deòin ionnsachadh agus builean foghlaim chloinne is dhaoine òga. Tha raon de dhòighean thaic agus goireasan co-obrachaidh aig [YouthLink Scotland](#) mar phàirt den [phrògram Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba](#). Tha seo a' gabhail a-steach fiosrachadh airson sgoiltean, fianais agus eisimpleirean de bhuidh agus ionnsachadh bho Mhaoin Ath-bheothachaidh Foghlaim Obair Òigridh. Is urrainn dhaibh cuideachd taic a thoirt seachad gus com-pàirtichean obair òigridh a chomharrachadh agus obrachadh còmhla riutha.

Bheir Comhairlichean Coileanaidh comhairle seachad air stèidh ionadail agus roinneil. Is urrainn Comhairlichean Coileanaidh a bhith ro-chudromach ann a bhith a' cur deagh chonaltradh an comas, a' cuideachadh gus an cleachdadh as fheàrr a ch-roinn agus a' toirt seachad stiùireadh air planadh èifeachdach, buileachadh agus luachadh air eadar-theachdan ann an sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus Caidreachasan Leasachaidh Roinneil.

Tha eisimpleirean de seo a' gabhail a-steach Comhairlichean Coileanaidh (agus sgiobaidhean roinneil).

- ag obair le ùghdarrasan ionadail, ceannardan-sgoile, àrd-stiùirichean agus cleachdaichean gus taic a thoirt do phlanadh èifeachdach agus a bhith a' cruthachadh mhodhan co-obrachail a thaobh cleachdadh Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail agus Maoin Coileanaidh na h-Alba uile ann an sgìrean ùghdarrasan ionadail;
- tha prìomh dhleastanas aca ann a bhith ag obair le àrd-stiùirichean ùghdarrasan ionadail gus amasan sìnidh ionadail a chruthachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad sin àrd-amasach gu leòr agus gu bheil fòcas aca air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh agus a bhith a' toirt piseach air builean do chloinne is dhaoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh;
- a' toirt comhairle agus taic do dh'ùghdarrasan ionadail, cheannardan sgoile agus àrd-stiùirichean a thaobh planadh agus aithris air iomairtean agus a' cleachdadh dàta measadh buaidh agus fianais gus dòighean-obrach soirbheachail agus raointean airson leasachadh a chomharrachadh.
- ag obair gu leantainneach le ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean gus dòighean-obrach a chruthachadh agus a leabachadh a tha a' cumail sùil air buaidh mhodhan-obrach ionadail airson dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn;
- a' dol an sàs ann an conaltradh proifeiseanta le àrd-stiùirichean ùghdarrasan ionadail gus taic a chumail ri fèin-mheasadh ionadail agus planaichean leasachaidh, a' gabhail a-steach nan amasan sìnidh; agus
- a' cur cuideam air cothroman airson co-obrachadh agus a bhith a' cleachdadh innealan conaltraidh air Glow a' gabhail a-steach coimhearsnachd Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba, Teams, Yammer, Sharepoint, agus Blogs.

Bidh dreuchdan a bharrachd aig Comhairlichean Coileanaidh ann a bhith a' toirt taic do stiùirichean foghlaim agus luchd-cleachdaidh leis na rudan gu h-àrd tro na 3 prìomh dhleastanasan aca, agus iad na dleastanasan seo uile air an stiùireadh le fianais a chaidh a chruinneachadh tro dhàta ionadail, roinneil agus nàiseanta (clàr 2).



Riaghaltas na h-Alba, Am Màrt 2022



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig
Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3EG

ISBN: 978-1-80435-276-2 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Am Màrt 2022.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1057970 (03/22)

W W W . G O V . S C O T